

Stiùireadh nan Oileanach

Tha am measadh seo a' buntainn ris an obair shònraichte airson Eachdraidh Nàiseanta 5.

Tha luach 20 comharra san obair shònraichte seo. Tha na comharran a' dèanamh 20% de na comharran iomlan airson measadh a' chùrsa.

Tha e a' measadh nan sgilean a leanas, eòlas agus tuigse:

- ◆ a' taghadh, gun mòran cuideachaidh, ceist eachdraidheil a tha iomchaidh
- ◆ a' cruinneachadh fiosrachadh buntainneach bho co-dhiù dà stòr
- ◆ a' cur rian air an fhiosrachadh gus sùil a thoirt air a' chuspair no air a' cheist
- ◆ a' cleachdadh d' eòlas agus d' fhiosrachadh airson mìneachadh agus sgrùdadh a dhèanamh air adhbharan agus/no buaidh na ceist no na cùis eachdraidheil
- ◆ a' toirt iomradh air co-dhiù dà stòr bhuntainneach eachdraidheil
- ◆ ag aithneachadh diofar sheallaidhean agus/no bheachdan
- ◆ a' cur structar air an fhiosrachadh agus a' tighinn gu co-dhùnadh reusanta le taic bho fhianais

Innsidh an tidsear no an taoitear dhut ciamar a nithear am measadh agus mu chumhachan riatanach sam bith airson a dhèanamh.

Is e amas a' mheasaidh seo cothrom a thoirt dhut do sgilean, d' eòlas agus do thuigse a nochdadh agus tu a' freagairt ceist eachdraidheil a thagh thu fhèin.

Tha dà cheum san obair shònraichte:

- ◆ rannsachadh
- ◆ cruthachadh fianais: bidh thu a' sgrìobhadh aithisg leis an fhiosrachadh a gheibh thu a-mach (mar mheasadh taobh a-staigh uair a thìde agus aon turas)

Aig ìre an rannsachaidh 's dòcha gun tagh thu ceist no cuspair eachdraidheil a bhuineas do raointean a sgrùd thu sa chlas, ma tha thu ag iarraidh, ach faodaidh tu rannsachadh a dhèanamh air ceist no cuspair buntainneach sam bith ann an eachdraidh.

Cuideachd aig ìre an rannsachaidh feumaidh tu Duilleag Goireasan Eachdraidh a lìonadh airson do chuideachadh nuair a bhios tu aig ìre cruthachadh fianais: a' sgrìobhadh aithisg air na fhuair thu a-mach.

Faodaidh iomraidhean à teacsa agus notaichean goirid no taicean cuimhneachaidh air na rudan a tha thu airson a chur don aithisg a bhith air an duilleag ghoireasan.

Chan fhaod thu an aithisg agad a chopaigeadh gu dìreach bhon duilleag ghoireasan. Chan fhaigh thu comharran idir ma chopaiogas tu pìosan nòra teacsa bhon duilleag ghoireasan. Faodaidh tu ge-tà iomraidhean à teacsa a chopaigeadh gu lèir, fhad 's a dh'innseas tu na stòran bhon tàinig iad.

Chan fhaod barrachd air 200 facal a bhith air an Duilleag Ghoireasan, agus feumaidh e a bhith air duilleag shingilte de phàipear A4. Feumaidh i a dhol gu SQA còmhla ris an aithisg agad, ach cha tèid a comharrachadh. Mura cuir oileanach duilleag stòrasan a-steach, thèid peanas 4 comharra a-mach à 20 comharra a chur an sàs.

Ag obair còmhla ri feadhainn eile

Ged a bu chòir dhut fhèin cuspair a thaghadh airson a rannsachadh, 's dòcha gum cuspair coltach ris an fhear agadsa aig feadhainn eile sa chlas. 'S dòcha gum bi thu airson obrachadh còmhla ri feadhainn eile pàirt den ùine nuair a tha thu a' cruinneachadh fiosrachadh.

Ma nì thu sin, tha e cudromach gun seal thud è chuir thu ris a' chuid seo den obair shònraichte, agus gur e d' obair fhèin a bhios san fhianais a chuireas tu dhan mheasadh.

Anns a' mheasadh seo bidh thu:	Mar a nì thu seo:
<p>a' taghadh ceist no cuspair eachdraidheil</p>	<p>Tagh ceist no cuspair eachdraidheil a bheir dhut an cothrom:</p> <ul style="list-style-type: none"> ◆ fiosrachadh a lorg air a' chuspair no air an tachartas a thagh thu airson ◆ a rannsachadh ◆ diofar raointean co-cheangailte ris a' chuspair no ris an tachartas a shealltainn ◆ tighinn gu co-dhùnadh le adhbharan a bheir taic dha <p>Tha na ceistean as fhèarr a' coimhead ri tachartas no leasachadh sònraichte agus a' faighneachd carson a thachair e agus dè a' bhuaidh a bha na chois. Tha na ceistean as fheàrr a' tòiseachadh le abairtean leithid:</p> <ul style="list-style-type: none"> ◆ Dè an ìre gu...? ◆ Dè cho cudromach 's a bha...? ◆ Dè bha sònraichte mu...? <p>Tha ceistean mar seo le aon fhactar a' toirt dhut cothrom anailis a dhèanamh agus do cho-dhùnidhean a chur an cèill stèidhichte air an rannsachadh agad.</p> <p>'S dòcha gun toir an tidsear/taoitear taic dhut agus e/i a' beachdachadh air dè cho iomchaidh 's a tha an tachartas no an leasachadh a thagh thu agus gun toir iad comhairle air na goireasan a bhios rim faotainn.</p>
<p>a' cleachdadh fiosrachadh bho stòran fiosrachaidh, ag innse dè na stòran a th' annta, gus taic a chur ris gach factar</p>	<p>Bidh diofar ìrean an lùib seo:</p> <ul style="list-style-type: none"> ◆ a' cruinneachadh fiosrachadh a chuidicheas tu a' freagairt na ceist ◆ a' dèanamh nota air far an do lorg thu am fiosrachadh seo ◆ a' comharrachadh nan diofar fhactaran a chuir ri buadh an tachartais no an leasachaidh, no na diofar fhactaran air cùl an tachartais no an leasachaidh

- ◆ a' cur an fhiosrachaidh agad an òrdugh a rèir dè na beachdan no na factaran
- ◆ dom bheil iad a' toirt taic

A' cruinneachadh fiosrachadh

Bu chòir dhut fianais a chruinneachadh a bhuineas do thachartas no do chuspair àraidh bho eachdraidh, bho co-dhiù dà stòr. Faodaidh sin a bhith bho phrìomh stòran no bho stòran leasaichte leithid:

- ◆ làraich-lìn
- ◆ teacsaichean
- ◆ artaigilean à pàipearan-naidheachd no irisean
- ◆ cuairtean no cuairtean gu làrach no òraidean
- ◆ notaichean
- ◆ iomraidhean bho stòran
- ◆ puingeon fiosrachaidh/tiotalan
- ◆ mapaichean inntinn
- ◆ telebhisean/bhidio
- ◆ rèidio/podcastan
- ◆ leabharlannan
- ◆ leabhraichean-teacsa
- ◆ leabhraichean eachdraidh
- ◆ agallamhan
- ◆ litrichean, dealbhan-camara, leabhraichean-latha
- ◆ stòran eile

Feuch gun dèan thu notaichean an ìre mhath mionaideach, le puingeon fiosrachaidh sònraichte far an gabh sin a dhèanamh.

A' cumail nota den stòr

Ann a bhith a' cur an cèill fianais bho stòran, bu chòir dhut innse cò às an tàinig am fiosrachadh. Tha seo a' toirt cothrom don neach-measaidh measadh a dhèanamh air dè dha-rìribh cho feumail 's a tha na stòran agad.

Ma tha thu a' togail pìos à leabhar, cha leig thu leas a chur sìos ach ainm an ùghdair, an seòrsa

	<p>stòir a th' ann no tiotal an leabhair, agus an deit ma tha sin agad. Mar eisimpleir:</p> <ul style="list-style-type: none"> ◆ 'B' e Churchill am prìomhaire a b' fheàrr a bh' aig Breatainn riamh'. (J.Bloggs, <i>Breatainn san Dàrna Chogadh</i>, 2011) ◆ A rèir a' phàipeir-naidheachd The Times san Ògmhios 1915 <p>Faodaidh tu cuideachd geàrr-chunntas a dhèanamh air sealladh bho stòr le bhith ag ràdh, me Tha J. Bloggs a' dèanamh dheth gur e Churchill am Prìomhaire a b' fheàrr riamh a bh' aig Breatainn.</p> <p>Mura bheil thu pongail san dòigh sa bheil thu a' toirt iomradh air na stòran, chan fhaigh uiread de chomharran. Mar eisimpleir:</p> <ul style="list-style-type: none"> ◆ Tha eachdraichean den bheachd... ◆ Bha daoine aig an àm a' creidsinn... ◆ Bha pàipearan-naidheachd aig an àm ag ràdh... <p>Ma chruinnicheas tu fiosrachadh mar phàirt de bhuidheann, tha e cudromach gun urrainn do gach neach fianais fa leth a thoirt seachad air mar a chuir iad ris a' phròiseas rannsachaidh.</p>
<p>a' comharrachadh nan diofar fhactaran</p>	<p>Nuair a bhios tu a' rannsachadh tachartas no leasachadh, gheibh thu diofar bheachdan air a' cheist a thagh thu.</p> <p>Ma tha thu air ceist a chur mu na h-adhbharan airson tachartas no leasachadh, feumaidh tu na diofar fhactaran air cùl an tachartais no an leasachaidh sin a chomharrachadh.</p> <p>Ma tha thu air ceist a chur mu bhuaidh tachartais no leasachaidh, feumadh tu na diofar bheachdan a chomharrachadh agus na diofar dhòighean anns an do dh'atharraich gnothaichean ri linn an tachartais sin.</p> <p>Feuch rin cur ann an òrdugh loidsigeach. 'S</p>

	dòcha gum bi seo a rèir buaidh thairis air an fhad-uine, a' gheàrr-ùine no a' mheadhan-ùine; bhon fhactar as cudromaiche chun an fhactair nach eil cho cudromach msaa.
a' cur an fhiosrachaidh agad an òrdugh a rèir nam factaran dha bheil e a' toirt taic	Às dèidh na factaran a chomharrachadh, bidh agad ris an fhianais a lorg thu sna stòran a chur an òrdugh a rèir an fhactair as motha dha bheil iad a' toirt taic.
a' cleachdadh fiosrachadh eile bho d' eòlas fhèin mar thaic a bharrachd do gach factar	Smaoinich air dè eile as aithne dhut mun tachartas no mun leasachadh seo. Cha leig thu leas innse cò às an tàinig am fiosrachadh seo. Cuir seo ris an fhiosrachadh a lorg thu san rannsachadh.
a' tighinn gu co-dhùnadh air na factaran agus taic a thoirt dhan sin le adhbharan	Smaoinich air na tha an fhianais bhon rannsachadh agus d' eòlas fhèin ag innse dhut mun cheist no mun chuspair a thagh thu. Ma tha thu air faighneachd carson a thachair tachartas no leasachadh, bu chòir dhut co-dhùnadh a ruigsinn air cò am factar a bu chudromaiche ann a bhith ag adhbharachadh an tachartais no an leasachaidh, agus mìneachadh a dhèanamh air carson a tha thu dhen bheachd gu bheil am fear seo nas cudromaiche na factaran eile. Ma tha thu air faighneachd mun bhuidh a bha aig tachartas no leasachadh, bu chòir dhut co-dhùnadh a ruigsinn air dè a' bhuidh as motha no as cudromaiche agus carson a tha thu dhen bheachd gu bheil a' bhuidh seo nas cudromaiche na an fheadhainn eile.

Fiosrachadh rianachd

Air fhoillseachadh: An Dàmhair 2019 (dreachd 2.0)

Fiosrachadh nan atharrachaidhean

Dreach	An t-atharrachadh	Deit
1.0	<p>Tha an sgrìobhainn seo a' dol an àite an dreach leis an deit Sultain 2015.</p> <p>An sgrìobhainn air fhòrmatadh a rèir na teamlaid agus an stoidhle sgrìobhaidh as ùire.</p> <p>An ceudad a tha an obair shònraichte a' cur ris a' chomharra iomlan.</p> <p>Stiùireadh comharrachaidh: atharrachadh chomharra ann an slatan-tomhais E agus H agus atharrachaidhean airson soilleireachadh ann am B, F agus G.</p>	An t-Sultain 2017
2.0	<p>Peanas airson nach deach duilleag stòrasan a chur a-steach.</p>	An Dàmhair 2019

Tèarainteachd agus dìomhaireachd

Faodaidh luchd-obrach ann an ionadan air an dearbhadh le SQA an sgrìobhainn seo a chleachdadh airson nan Cùrsaichean Nàiseanta, ach chan fhaod air adhbhar sam bith eile.

'S ann a-mhàin aig luchd-obrach le ùghdarras a tha cead an sgrìobhainn seo a luchdachadh a-nuas bho làrach-lìn tèarainte SQA.

Còraichean

Faodar an sgrìobhainn seo ath-riochdachadh gu lèir, no pàirt dheth, airson measadh fhad 's nach bi prothaid sam bith a' tighinn bhon ath-riochdachadh, agus ma thèid pàirt dheth ath-riochdachadh, gun tèid an stòr ainmeachadh. Tha an t-uallach air an ionad cead fhaighinn airson nan còraichean.

Ma thèid ath-chleachdadh ann an dòigh sam bith eile gun chead, dh'fhaodadh sin a bhith an aghaidh riaghailtean nan còraichean.

© Ùghdarras Theisteanas na h-Alba 2012, 2017